

Crodh an Tàilleir

*Tha an tàladh beag seo mu dheidhinn crodh an tàilleir.
Tha an dàrna ceathramh a' bruidhinn air mìle long air cuan Èirinn.*



*O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
Siosar is meuran is snàthad.*

Cha tuit iad an toll no fèithe;
Cha tuit iad an toll no fèithe;
Cha tuit iad an toll no fèithe;
Ma thuiteas, gun tog e fhèin iad.

*O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
Siosar is meuran is snàthad.*

Tha mìle long air cuan Èirinn;
Tha mìle long air cuan Èirinn;
Tha mìle long air cuan Èirinn;
'S truagh nach robh mi fhìn air tè dhiubh.

*O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
Siosar is meuran is snàthad.*



Cò leis tha 'n crodh Druimfhionn ud thall?

Tha an tàladh goirid seo, a tha cuideachd na òran pìobaireachd, a' faighneachd "Cò leis an crodh Druimfhionn ud thall?"

Cò leis tha 'n crodh Druimfhionn ud thall?

Cò leis tha 'n crodh Druimfhionn ud thall?

Cò leis tha 'n crodh Druimfhionn ud thall?

Cò leis tha 'n crodh Druimfhionn ud thall?


Leam fhìn, a ghaoil.

Leat fhèin, a ghràidh.

Leam fhìn, a ghaoil.

Leat fhèin, a ghràidh.

'S ann leinn tha 'n crodh Druimfhionn ud thall.



Sgrìobhte bho:
Àireamh a' chlàir: 20157
Seinneadair: An t-Urr Uilleam MacMhathain
www.tobarandualchais.co.uk/gd/play/20157

Clàraichte cuideachd air na leanas:
Àireamh a' chlàir: 101345
Seinneadair: An t-Urr Uilleam MacMhathain
www.tobarandualchais.co.uk/gd/play/101345
Fiosrachadh: Tha an seinneadair ag innse mar a sheinneadh am facal "Druimfhionn" anns an òran, agus mar a tha sin eadar-dhealaichte on dòigh àbhaisteach.

Àireamh a' chlàir: 19845
Seinneadair: Màiri Haggarty
www.tobarandualchais.co.uk/gd/play/19845
Àireamh a' chlàir: 25407
Seinneadair: Anna NicIain
www.tobarandualchais.co.uk/gd/play/25407
Àireamh a' chlàir: 90807
Seinneadair: Màiri Anna Lindsay
www.tobarandualchais.co.uk/gd/play/90807

Huis Huis air an Each

Òran chloinne, mu dheidhinn each a' dol a Bhàlaigh, Vibhist a Tuath.

Huis, huis, air an each,
An t-each a' dol a Bhàlaigh.
Beiridh am muir-làn oirnn
Beiridh e air chasan oirnn
Beiridh e air chinn oirnn
Huis, huis, air an each,
An t-each a' dol a Bhàlaigh.



Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn (Dreach A)


Òran pìobaireachd far a bheil am bàrd a' seinn mu dheidhinn a bhith air eilean na aonar agus tha iomradh ann air cò as fheàrr le Ailean agus Ruairidh.

Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Dh'eilean mara fada bho thìr.

'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn.
'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn.
'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn.
'S toigh le Ruairidh gruagach a' chruidh.

Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Dh'eilean mara fada bho thìr.

'S toigh le Ailean bean an fhuilt duinn.
'S toigh le Ailean bean an fhuilt duinn.
'S toigh le Ailean bean an fhuilt duinn.
'S toigh le Ruairidh buaile chrodh-laigh.




Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn (Dreach B)

Òran piobaireachd far a bheil am bàrd a' seinn mu dheidhinn a bhith air eilean na aonar agus tha iomradh ann air cò as fheàrr le Ailean agus Ruairidh.

*Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Eilean mara fada bho thìr.*

'S toigh le Ailean bean a' chùil duinn.
'S toigh le Ailean bean a' chùil duinn.
'S toigh le Ailean bean a' chùil duinn.
'S toigh le Ruairidh buaile chrodh-laoigh.

*Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn.
Eilean mara fada bho thìr.*



Hothan agus Hothan Ò

Tàladh a tha ag innse mar a dh'fhalbh an droch gheamhradh leis an sprèidh.

Hothan agus hothan ò
Hothan agus hothan ò
Hothan agus hothan ò
Thug an geamhradh leis an crodh.



Hothan agus hothan ì
Hothan agus hothan ì
Hothan agus hothan ì
Thug an geamhradh leis an nì.



A Sheana-bhean Bhoichd, Chan Fhalbh Thu Nochd

'S e tàladh a tha seo mu dheidhinn seann bhoireannach.

A sheana-bhean bhoichd,
Chan fhalbh thu nochd.
A sheana-bhean bhoichd,
Chan fhalbh thu nochd.
A sheana-bhean bhoichd,
Chan fhalbh thu nochd.
Nach tig thu steach,
'S an oidhch' ann.



Sheana-bhean Bhoichd gus an Cluinn Thu

'S e port-à-beul beag sìmplidh a tha seo anns a bheilear a' bruidhinn ri seann bhoireannach.

Sheana-bhean bhoichd gus an cluinn thu.

Sheana-bhean bhoichd gus an cluinn thu.


Sheana-bhean bhoichd gus an cluinn thu.

Sheana-bhean bhoichd gus an cluinn thu.

Sheana-bhean bhoichd gus an till thu.

Sheana-bhean bhoichd gus an till thu.

Sheana-bhean bhoichd gus an t-uisge 's an t-anmoch 's an ceò ann.



Danns, a Bhriogain

Port-à-beul far a bheil iad ag iarraidh air a' chat bhàn a dhol a dhannsa.

Danns, a Bhriogain, a chait, a chait
Danns, a Bhriogain, a chait bhàn
Danns, a Bhriogain, a chait, a chait
Hù ill ò, a chait bhàn.

Hù ill ò, a chait, a chait
Hù ill ò, a chait bhàn
Hù ill ò, a chait, a chait
Danns, a Bhriogain, a chait bhàn.

